

X229/13/01

TEISTEANAIS DIMÀIRT, 20 CÈITEAN
NÀISEANTA 1.00 PM – 4.00 PM
2014

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE ADHARTACH

Roinn (i): Sgrìobhadh

Roinn (ii): Sgrùdadh

Roinn (iii): Litreachas

Roinn (iv): Eadar-theangachadh

NATIONAL TUESDAY, 20 MAY
QUALIFICATIONS 1.00 PM – 4.00 PM
2014

GÀIDHLIG
ADVANCED HIGHER

Part (i): Writing

Part (ii): Practical Criticism

Part (iii): Literature

Part (iv): Translation

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean anns a' phàipear. Bu chòir feuchainn ri na ceithir roinnean a fhreagairt. Feumaidh tu leabhraan freagairt às ùr airson gach roinn. Feuch gun dèan thu soilleir aig toiseach gach leabhraing gu dè an roinn a tha thu a' freagairt agus cuimhnich air ùine gu leòr fhàgail airson gach roinn a fhreagairt.



[DUILLEAG BHÀN]

Roinn (i): Sgrìobhadh

**Ùine: 55 mionaid
(moladh)**

Comharraidhean

Sgrìobh ann an Gàidhlig air AON de na cinn seo.

1. An t-àm den bhliadhna is fheàrr leam. (50)
2. An tinneas. (50)
3. Aineolas (50)
4. Tha an t-àm ann smachd fhaighinn air eucoir ann am Breatainn. (50)
5. Buaidh nam Meadhanan. (50)
6. Chan eil clann an-diugh a' faighinn cothrom a bhith cluich ceart. (50)
7. Seann dealbh. (50)
8. An dannsa. (50)

[Tionndaidh an duilleag

Freagair DÀ Earrann—(1) Rosg agus (2) Bàrdachd

Earrann 1—Rosg

Leugh an earrann seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.

Tha mi air leth toilichte fhaicinn gu bheil gnìomhachas turasachd nan Eileanan Siar dol a mhargaideachd dualchas farsaing na sgìre air feadh an t-saoghail. Mo bheannachd orra, ged a tha iad car fadalach a' tòiseachadh!

5 Na mo bheachd fhèin seo fear de na cothroman sònraichte a tha aig gach ceàrnaidh den Ghàidhealtachd agus aig na h-Eileanan air an cuid teachd-an-tìr àrdachadh. Tha bliadhnaichean mòra bho dh'fheuch mi fhèin agus feadhainn eile a bha an sàs ann am brosnachadh na Gàidhlig ri turasachd cultarach a chur air adhart air Ghàidhealtachd. Ach dh'fheumainn a ràdh gur suarach cho taiceil 's a bha muinntir a' ghnìomhachais aig an àm sin. Mu choinneamh gach cothrom buannachd a bha sinne a' faicinn dhan
10 àite agus dhan ghnìomhachas, bha iadsan a' cur teagamh air choreigin, eadar 's nach biodh ùidh sam bith aig luchd-turais ann an cànan is cultar na Gàidhealtachd neo nach biodh de fhiosrachadh aca fhèin na fhreagradh ceistean.

Nach math a-nis gu bheil na teagamhan sin a' dol à sealladh agus cothrom ga ghabhail eòlas sònraichte a thoirt dha luchd-tadhail air sgìrean nan Eileanan Siar. Chan e
15 a-mhàin gu bheil cothrom gu bhith aig na daoine sin ionnsachadh mu gach meang de chultar an àite air an tadhail iad ach tha na cothroman sin tarraingeach fad na bliadhna. 'S e tè de na trioblaidean a tha air a bhith aig turasachd anns na h-Eileanan gu ruige seo nach eil e a' mairsinn ach beagan mhìosan den bhliadhna agus, ri linn sin, chan eil an gnìomhachas seasmhach gu leòr airson mòran chosnaidhean làn-thìde a
20 cheadachadh. Tha sin air a bhith gu sònraichte tàmailteach dha òigridh a bhiodh deònach trèanadh a dhèanamh an lùib obair aoigheachd agus bha aig mòran a bha airson sin a dhèanamh ri falbh às na h-Eileanan. Ach leis an fheallsanachd ùr seo, saoilidh mise gu bheil cothrom togail mhòr a thoirt air gnìomhachas turasachd na sgìre agus gun cuir luchd-tadhail luach air an fhàilte is an eòlas a gheibh iad.

Stèidhte air artaigil a sgrìobh Ailean Caimbeul ann an Tìm an Òbain san Dàmhair 2012

CEISTEAN

1. Dè an aon ghearain a tha aig an sgrìobhadair a thaobh planaichean gnìomhachas turasachd nan Eileanan Siar? **1**
 2. Dè, a rèir an sgrìobhadair, a' bhuannachd a tha an cothrom sònraichte seo a' toirt dha na h-Eileanan? **2**
 3. Innis ciamar a tha an suidheachadh air atharrachadh bho bha an sgrìobhadair an sàs anns an t-seòrsa obrach seo. **2**
 4. Dè na teagamhan a bha aig muinntir a' ghnìomhachais fhèin mun t-seòrsa phlanaichean seo o chionn bhliadhnaichean? **2**
 5. Minich na cothroman a tha nochdadh ri linn nam planaichean seo. **2**
 6. Ciamar a tha e cudromach gu bheil na cothroman seo a' dol a bhith rim faotainn fad na bliadhna? **2**
 7. Cò dha gu h-àraid a dh'fhaodadh na planaichean ùra a bhith nam buannachd mhòr? **2**
 8. Dè bhuidh a bhios aig an fheallsanachd ùr? **2**
- (15)**

[Tionndaidh an duilleag

Roinn (ii): Sgrùdadh

Freagair DÀ Earrann—1 agus 2

Earrann 2—Bàrdachd

Leugh a' bhàrdachd seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.

An seo mar bu dual dhuinn,
taigh beag air na creagan,
ged as e panaichean plastaig bòidheach
tha 'n àite nam pigeachan* 's nan sligean;
Monadh Ròdhag air ar cùlaibh,
far an iomadh uair a leighiseadh
greadanadh mo spiorad;
taighean Chornal is ceò ast'
geal, sìos mu mo choinneamh,
ach tha 'm beagan chloinne a th' annta
gun ach Beurla ac' ga bruidhinn,
is cho fìor bheag dhi dha-rìribh
aig aon dhen dubh-sheanair;
'n ann a' greimeachadh ler meòirean
tha sinn air creagan tìm
sa cheart mhionaid?

Ach stad, cò tha seo 's e gluasad
suas chun na creige?
Dòmhnall Peigi le chù ann
's e tighinn air chèilidh
an-diugh oirnn.
Shin thu, sgioblaich an fhàrdaich,
cur fàd air an teine –
san taigh seo co-dhiù
bidh ar còmhradh mar bu mhinig.

Catriona NicGumaraid (An Aghaidh na Sìorraidheachd)

* Piosan de sheann phoitean crèadh leis am biodh clann a' cluiche uaireigin.

CEISTEAN

1. Dè tha a' bhana-bhàrd a' toirt gu aire an leughadair le na briathran
**“ged as e panaichean plastaig bòidheach
tha 'n àite nam pigeachan 's nan sligean”?** 2
 2. Dè am fiosrachadh a tha ri fhaighinn an seo mu bhaile Chornal? 3
 3. Dè am beachd a tha nochdadh air staid na Gàidhlig anns na ceithir
loidhnichean bho **“ach tha 'm beagan chloinne a th' annta”** gu **“aig
aon dhen dubh-sheanair”?** 4
 4. Minich an ìomhaigh anns na loidhnichean a leanas:
**“n ann a' greimeachadh ler meòirean
tha sinn air creagan tìm
sa cheart mhionaid?”** 2
 5. Seall mar a tha an earrann mu dheireadh a' toirt beagan dòchais nach eil a
h-uile sian air atharrachadh. 4
- (15)

[Tionndaidh an duilleag

Freagair **AON** de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

1. Sgeulachd ghoirid

Tagh sgeulachd ghoirid a tha, nad bheachd-sa, soirbheachail chionn 's gu bheil am prìomh character cho èifeachdach. Le sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air an sgeulachd ghoirid, seall dè na sgilean a chleachd an sgrìobhadair gus an character sin a dhèanamh cho soirbheachail.

(50)**2. Sgeulachd ghoirid**

Faodaidh sgeulachd ghoirid a tha air a sgrìobhadh ann an Gàidhlig a bhith stèidhte air rud sam bith anns an t-saoghal mhòr. Beachdaich gu mionaideach air leithid de sgeulachd ghoirid, seall dè an teachdaireachd a tha innte agus dè na h-innleachdan a chleachd an sgrìobhadair airson an teachdaireachd sin a thoirt gu aire an leughadair.

(50)**3. Bàrdachd**

Tagh pìos bàrdachd aig an robh buaidh shònraichte ort. Mìnich a' bhuidh a thug e ort agus, le sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air, seall ciamar a chaidh aig a' bhàrd air leithid de bhuidh a thoirt ort.

(50)**4. Bàrdachd**

Feumaidh sgilean sònraichte a bhith aig bàrd airson a bhith soirbheachail. Ainmich pìos bàrdachd anns a bheil, nad bheachd-sa, leithid de sgilean a' nochdadh agus, le sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air, seall cho sgileil agus a bha am bàrd.

(50)**5. Nobhail**

Chan eil nobhailean soirbheachail mura bheil an leughadair a' faireachdainn gu bheil e air a tharraing a-steach dhan t-suidheachadh. Beachdaich air nobhail aig an robh a' bhuidh seo ort fhèin agus mìnich ciamar a chaidh aig an sgrìobhadair air seo a dhèanamh.

(50)**6. Dealbh-chluich**

“Chan eil àite aig dealbhan-cluiche ann an litreachas na Gàidhlig.” Tagh aon dealbh-chluich a leugh thu agus, le sgrùdadh mionaideach a dhèanamh oirre, seall a bheil no nach eil thu ag aontachadh ris a' bheachd seo.

(50)

Eadar-theangaich an earrann a leanas.

A century ago, the idea of keeping cats indoors all the time would have seemed strange indeed. In the stately houses of Britain animals had their different places. Pet dogs were kept upstairs with the family but pet cats usually lived downstairs with the servants in the kitchen and out-houses—not the worst place for an animal that enjoys warmth and food! In contrast, stable and farm cats lived outdoors all the time and the hunting dogs were in kennels.

(20)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]

ACKNOWLEDGEMENT

Roinn (ii) Earrann 1—Rosg – Text is adapted from an article by Allan Campbell taken from the Gaelic Section of *The Oban Times*, October 2012. Reproduced by kind permission of The Oban Times.

Roinn (ii) Earrann 2—Bardachd – Poem is taken from Page 154 of “*An Aghaidh na Siorraidheachd*” by Catriona Montgomery, ISBN 0 7486 6091 7.

SQA has made every effort to trace the owners of copyright materials reproduced in this question paper, and seek permissions. We will be happy to incorporate any missing acknowledgements. Please contact Janine.Anderson@sqa.org.uk.